




# Ro-innleachd airson Saidheans Mara is Ùrghnàthachadh

Faoilleach 2024



# Clàr-innse


Na buannachdan a gheibh Alba bhon mhuir.....	3
Ro-ràdh: Prìomh Neach-comhairleachaidh.....	4
Saidheansail na h-Alba .....	4
1. Facal bhon Mhinistear .....	6
2. Cò sinn? .....	9
3. Na nì sinn.....	13
4. An Ath Cheum .....	23
5. Buidheachas.....	24

## Dealbhan-camara

Tha gach dealbh-camara, mura h-eil iad ainmichte gu h-ìosal, fo © Chòraichean a' Chrùin, Riaghaltas na h-Alba. Tha na h-ìomhaighean air duilleig 3, tàidhlichean 3, 4 is 5, agus air duilleig 20 fo chòraichean © iStockphoto.com


# Na buannachdan a gheibh Alba bhon mhuir

Tha marannan na h-Alba a' sìneadh tarsaing mu 462,263 cilemeatair<sup>2</sup>. Tha an fharsaingeachd sin SIA tursan nas motha na gheibheadh sibh nan cuireadh sibh tìr-mòr is eileanan na h-Alba còmhla - 80,249 cilemeatair<sup>2</sup>.



[Foinse: Fiosrachadh agus figearan mu raon mara na h-Alba](#)

Chaidh 3,492 GWh de dhealan a dhèanamh le cumhachd na gaoithe aig muir, sin 11% dhen chumhachd ath-nuadhachail air fad a rinneadh ann an Alba




[Foinse: Staitistearachd Eaconomaidh Mara na h-Alba 2020](#)

Tha tuathanachas uisge a' cur mu £362 millean mar Luach Iomlan a Bharrachd (LIB) ri eaconomaidh na h-Alba



[Foinse: Staitistearachd Eaconomaidh Mara na h-Alba 2020](#)

Mus ron Covid ann, bha turasachd na mara ann an Alba a' cur LIB luach £598 millean ris an eaconomaidh agus a' toirt cosnadh do 31,100 neach



[Foinse: Staitistearachd Eaconomaidh Mara na h-Alba 2019](#)

Tha daoine a tha a' fuireach ann an Alba deònach suas ri £132 millean a phàigheadh gach bliadhna airson phoileasaidhean stiùiridh a bheir leudachadh nach beag air àrainnean fiadh-bheatha



[Foinse: Aithisg rannsachaidh air luachan mara ann an Alba](#)

Tha barrachd air 125,000 cilemeatair de dh'aibhnichean is uillt ann an Alba



[Foinse: Fiosrachadh agus figearan mu raon mara na h-Alba](#)

## Ro-ràdh: Prìomh Neach-comhairleachaidh Saidheansail na h-Alba



Mar Phrìomh Neach-comhairleachaidh Saidheansail na h-Alba, tha e a' toirt toileachas mòr dhomh an ro-ràdh seo airson na Ro-innleachd airson Saidheans is Ùr-ghnàthachadh a sgrìobhadh, ro-innleachd a tha Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara a' foillseachadh. Bha mi riamh mothachail air cho cudromach a tha "Cùisean Mara" do dh'Alba mar Dhùthaich Eileanach: ri linn meud is farsaingeachd nan uisgeachan a tha a' cuairteachadh oirthir fhada na dùthcha, air sàillibh a' bhìdh a thig bhon mhuir is bho aibhnichean is lochan, ri linn nan cothroman a tha a' sìor dhol am meud a thaobh cumhachd ath-nuadhachail bho uisge, agus ri linn cho cudromach 's a tha cùisean mara do choimhearsnachdan ann an àiteachan dùthchail is ann am bailtean. Gheibhear fiosrachadh air na cuspairean seo agus barrachd san sgrìobhainn aig Riaghaltas na h-Alba – Lèirsinn airson Eaconamaidh Ghorm na h-Alba.

Ma tha sinne, mar dhùthaich, a' dol a choileanadh builean na Lèirsinn airson na h-Eaconamaidh Ghorm, tha e nas riataiche is nas cudromaiche na bha e riamh gun cuidich saidheans is ùrghnàthachadh sinn gus an lèirsinn sin a thoirt gu buil. Ri linn staing na gnàth-shìde agus crìonadh bith-iomadachd na cruinne, feumar beachdachadh air àrainneachd na mara is nan uisgeachan an lùib gach gnìomh a nì daoine sna h-uisgeachan sin ma tha sinn a' dol a ghleidheadh ar stòrasan nàdarra agus gus buaidh leasachaidhean ùra sam bith a lùghdachadh.

Bheir saidheans dhuinn fuasglaidhean airson cuid de na cùisean seo, agus tha feum againn air eòlas sònraichte agus tha e ri fhaotainn bho dhiofar roinnean-eòlais, agus tòrr dhiubh sin stèidhichte ann am buidhnean Albannach. Tha obair rannsachaidh is leasachaidh ann an einnseanaireachd, bith-eòlas mara, geo-fiosaig, cuan-eòlas, teicneòlas cumhachd agus saidheansan sòisealta, agus iomadh roinn eile, glè chudromach, oir cuidichidh an dàta, agus an fhianais a gheibhear bhuaithe, le bhith a' lorg fuasglaidhean innleachdach, leithid teicneòlas ùr, bathar feumail, no nì eile a tha cudromach, leasachaidhean air na pròiseasan.

Tha grunn math luchd-saidheans ag obair aig Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara gus toraidhean rannsachaidh is dàta a thoirt seachad agus air modaileadh, agus an obair aca a' cuideachadh le obair mheasaidh, sgrùdaidh agus riaghlaidh. Tha pàirt glè chudromach aig an luchd-saidheans is innleadairean seo ann a bhith a' toirt taic do dhiofar ro-innleachdan cudromach airson Alba, leithid na Roinnleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh, an Ro-innleachd Nàiseanta airson Ùr-ghnàthachadh agus an Lèirsinn airson Eaconamaidh Ghorm na h-Alba.

**Julie Fitzpatrick OBE,  
Phrìomh  
Neach-comhairleachaidh  
Saidheansail na h-Alba**

'S IOMADH cuspair is ceist air am feum luchd-saidheans beachdachadh san àm ri thighinn agus gu tric tha sgiobaidhean mòra a dhìth airson sin a tha ag obair thar ghrunn roinnean-eòlais. Tha Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara a' dèanamh obair chudromach còmhla ri diofar oilthighean is colaistean, ionadanrannsachaidh, agus companaidhean coimeirsealta is luchdcompàirt gnìomhachais. Bidh aig na diofar bhuidhnean seo ris an taic-airgid fhaighinn a tha dhìth mar thaic do shaidheans bho thobraichean maoinachaidh coimeirsealta ann an Alba, san RA agus thall-thairis, agus tha e a cheart cho cudromach gun toir iad seachad eòlas a ghabhas cleachdadh ann an àiteachan is siostaman iomchaidh.

Tha cliù eadar-nàiseanta aig Alba airson saidheans mara agus tha sia "builean ro-innleachdail" san Ro-innleachd seo airson Saidheans is Ùr-ghnàthachadh a tha Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara, agus an luchd-compàirt aca, an dùil a choileanadh. Tha an sgrìobhainn seo cuideachd a' dèanamh mìneachadh air "**mar a choileanas sinn an ro-innleachd**", nithear sin le daoine, dàta, teicneòlas didseatach, agus bun-structair, agus tha iad sin uile riatanach ma tha am plana a' dol a shoirbheachadh.

Tha mi dhen bheachd gu bheil coltas gealltanach air cùisean a thaobh saidheans mara san àm ri teachd agus tha an ro-innleachd seo a' sealltainn mar a ghabhas ar cinn-uidhe a thaobh sin a thoirt gu buil, agus bidh eòlas tòrr den luchd-saidheans, eòlaichean dàta, luchd mion-sgrùdaidh agus innleadairean aig Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara a' cur gu mòr ris an adhartas a nithear.

### Julie Fitzpatrick OBE

Prìomh Neach-comhairleachaidh Saidheansail na h-Alba



# 1. Facal bhon Mhinistear

Tha e na thoileachas mòr dhomh Ro-innleachd Riaghaltas na h-Alba airson Saidheans Mara is Ùr-ghnàthachadh a chur fa ur comhair. Tha an ro-innleachd seo a' togail air na h-amasan a chithear nar Lèirsinn airson na h-Eaconamaidh Ghorm. Chaidh a dealbh airson cuideachadh le bhith a' coileanadh ar geallaidh gus uisgeachan àlainn is eugsamhail na h-Alba a dhìon, uisgeachan a tha cho cudromach do choimhearsnachdan na h-oirthire agus a tha nam pàirt mòr de dh'iomhaigh agus dualchas mara na dùthcha. Tha an Lèirsinn a' sealltainn ar n-amasan airson Eaconamaidh Ghorm na h-Alba gu 2045. Tha e a' moladh dhòighean obrach is smaoineachaidh a tha a' cofhreagairt air Frèam Coileanaidh Nàiseanta na h-Alba agus air ar dleastanasan eadar-nàiseanta. Tha na sia builean a tha sinn airson a choileanadh a' gabhail ealla ri sin uile.

Tha an ro-innleachd seo a' ciallachadh gun urrainn do Riaghaltas na h-Alba feum a dhèanamh dhen fhianais is dàta as fheàrr a th' ann gus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh airson cùisean a stiùireadh agus airson na builean airson na h-Eaconamaidh Ghorm a thoirt gu buil. Tha an ro-innleachd cuideachd a' stèidheachadh gealladh gus dòighean obrach is smaoineachaidh ùr-ghnàthach a chur an sàs agus feum a dhèanamh dhen teicneòlas, na goireasan tùir-fhuadain (AI), am modaileadh agus na mion-sgrùdaidhean as fheàrr gus taic a chur ri àrainneachd mhara, coimhearsnachdan agus eaconamaidh na h-Alba.

Ann am Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara aig Riaghaltas na h-Alba, 's e an neart as motha a th' againn na daoine sàr mhath is dìcheallach a th' againn aig a bheil eòlas is dealas a chuidicheas sinn le bhith a' dèiligeadh ris na dùbhlain a tha romhainn. Tha an ro-innleachd ùr seo a' sealltainn mar a bhios sinn ag amas gu h-àraidh air nas urrainn dhan riaghaltas agus air na bu chòir dhan riaghaltas a dhèanamh tro ar n-obair le saidheans. Chan urrainn dhuinn dèiligeadh ris a h-uile dùbhlain, no na h-amasan a choileanadh leinn fhìn, mar sin tha e na amas dhuinn seo a dhèanamh le taic bho 'Alba gu lèir'. Obraichidh sinn gu dlùth còmhla ri taghadh farsaing de shàr luchd-compàirt le ceangal ri saidheans na mara, leithid luchd-cleachdaidh nan uisgeachan, luchd-acadaimigeach agus luchd-ùidhe bhon roinn phrìobhaidich. Tha àite fìor chudromach aig a h-uile duine againn ann a bhith a' dèanamh deagh fheum de na h-uisgeachan againn, agus sinn a' dèanamh cinnteach gum faighear na buannachdan as motha as urrainnear bhuapa airson muinntir na h-Alba, san latha an-diugh agus san ùine ri thighinn.

Tha dleastanasan cudromach aig Alba gus cùram a ghabhail de



**Mairi Gougeon**

Rùnaire a' Chaibineit airson  
Chùisean Dùthchail, Ath-  
leasachadh Fearainn agus  
Eileanan

dh'àrainneachd na mara, agus gus sin a choileanadh tha sinn air cur romhainn ar comasan a leudachadh mar dhùthaich a nì obair glè chudromach airson saidheans na mara agus sinn mar phàirt de choimhearsnachd luchd-saidheans mara na cruinne. Cuidichidh an ro-innleachd seo sinn gus an fhianais a tha dhìth oirnn a chruinneachadh is a chleachdadh gus am feum as motha as urrainn dhuinn a dhèanamh de na cothroman a gheibhear ann an àrainneachd mhara is uisgeachan na h-Alba, fhad 's a tha sinn a' feuchainn ri dèiligeadh, ann an dòighean ùr-ghnàthach, ri atharrachadh na gnàth-shìde agus crìonadh nàdair.

Tha na h-eag-shiostaman againn ann an cunnart glè mhòr agus feumaidh sinn oidhirpean a dhèanamh mar nach fhacas riamh gus an gleidheadh. Cuideachd, tha cothroman air leth sònraichte ann a thaobh roinnean seasmhach de dh'eaconamaidh na mara, leithid tuathanachas uisge, iasgach agus gnìomhachas cumhachd ath-nuadhachail. Ma tha sinn a' dol a choileanadh ar n-amasan, feumaidh sinn dòighean-obrach ùra a chur an sàs air feadh ar roinnean mara is uisge. Ma tha Alba fhathast gu bhith am measg nan dùthchannan as fheàrr a thaobh àrainneachd na mara, tha e riatanach gun obraich sinn còmhla ri càch. Leis an ro-innleachd ùir seo, bidh e comasach do Riaghaltas na h-Alba co-dhùnaidhean a dhèanamh le bhith a' cleachdadh na fianaise as fheàrr a th' ann gus ar Lèirsinn airson na h-Eaconamaidh Ghorm a thoirt gu buil. Cuidichidh i sinn le bhith a' stiùireadh chùisean mara ann an Alba a chum maith a h-uile duine.

## **Mairi Gougeon**

**Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail, Ath-leasachadh Fearainn agus Eileanan**

## 2. Cò sinn





## 2. Cò sinn?

Tha Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara aig Riaghaltas na h-Alba os cionn chùisean co-cheangailte ri mar a thèid rian a chumail air is cùram a ghabhail dhen mhuir is cuid de na h-uisgeachan eile ann an Alba. Tha diofar phrìomh dhleastanasan aig Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara co-cheangailte ri rannsachadh, cumail ri reachdas, sgrùdadh air ìrean-coileanaidh agus poileasaidhean gus rian a chumail air agus cùram a ghabhail de mharannan is aibhnichean na h-Alba.

Tha Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara air a bhith a' libhrigeadh thoraidhean saidheansail sàr-mhath agus a' toirt comhairle seachad a thaobh aibhnichean is mharannan na h-Alba o chionn còrr is ceud bliadhna. San obair saidheans aca, tha iad air ealla a ghabhail ris mar a tha an suidheachadh air atharrachadh a thaobh mar a thèid sinn an sàs ann an, agus mar a chleachdas sinn, marannan is aibhnichean na h-Alba, mar eisimpleir an dleastanas a th' oirnn gus dèiligeadh ri suidheachadh-èiginn na gnàth-shìde agus suidheachadh-èiginn nàdair aig àm nuair a tha buidseatan glè dhùbhlanach aig a h-uile riaghaltas.

'S e a tha fa-near do Phrògram an Riaghaltais, geallaidhean a thaobh phoileasaidhean is reachdas a choileanadh as motha a bheir buaidh air an t-suidheachadh eaconamach a th' ann an-dràsta. Tha an Ro-innleachd airson Saidheans is Ùr-ghnàthachadh a' gabhail ealla ri sin agus i air a dealbh gus Riaghaltas na h-Alba a chuideachadh le bhith a' frithealadh air feumalachdan na h-Alba san latha an-diugh agus san ùine ri thighinn agus sinn a' cur aghaidh air atharraichean mòra, luath san àrainneachd.

**Seo an seòrsa saoghail-obrach a chruthaicheas sinn airson na h-obrach a nithear a thaobh saidheans, fianais, dàta agus teicneòlas didseatach:**

# Feòrachail Co-obrachail Comasach In-gabhalach Eadar-mheasgaichte

Seo na smuaintean a chaidh a chruinneachadh aig tè de na bùithtean-obrach againn còmhla ri co-obraichean saidheans is poileasaidh mu bhith a' dealbh na ro-innleachd ùir seo

Tha an Ro-innleachd airson Saidheans is Ùr-ghnàthachadh a' togail air Lèirsinn Riaghaltas na h-Alba airson na h-Eaconamaidh Ghorm agus tha i a' co-fhreagairt air ar lèirsinn airson tuathanachas uisge, ar ro-innleachd airson bradan fiadhaich, ar ro-innleachd airson bith-iomadachd agus ar ro-innleachd ùr airson ùr-ghnàthachadh agus ro-innleachd eaconamach 10-bliadhna an Riaghaltais. Mar as àbhaist, tha na ro-innleachdan is planaichean seo ag amas air piseach a thoirt air Frèam Coileanaidh Nàiseanta na h-Alba, agus le bhith a' dèanamh sin thèid againn air Cinn-uidhe nan Dùthchannan Aonaichte airson Leasachadh Seasmhach (CLS) a choileanadh.

Tro Ro-innleachd Riaghaltas na h-Alba airson Saidheans Mara is Ùr-ghnàthachadh nithear am feum as motha as urrainnear de na cothroman a gheibhear bho stòrasan na h-Alba. Nì sinn sin le bhith ag obair gu dlùth còmhla ri luchd-compàirt is ionadan saidheans, agus còmhla ri co-obraichean bho raointean poileasaidh eile, luchd-saidheans sòisealta agus coimhearsnachdan bho air feadh Alba, agus gu h-eadar-nàiseanta. Bidh sinn a' togail air an eòlas shaidheansail earbsach, co-cheangailte ris a' mhuir, a tha sinn air a chosnadh is a chur gu feum tro na linntean fhad 's a tha sinn a' beachdachadh air dòighean-obrach ùra a chur an sàs mar as iomchaidh gus am feum as motha a dhèanamh de na cothroman a th' ann, mar eisimpleir, an fheadhainn a thig bho thùr-fuadain (AI), ionnsachadh-inneil agus teicneòlas ùr. Cuideachd, nì sinn cinnteach gun tèid an t-eòlas a gheibhear agus na nithean a dh'ionnsaichear an lùib nan cothroman sin a sgaoileadh agus sinn ag innse mun deidhinn le misneachd is miann gus brosnachadh a thoirt do ar coimhearsnachdan.

## **i. Ar Lèirsinn**

Bidh sinn innleachdach a thaobh nan dòighean anns an cleachd sinn saidheans, fianais is dàta gus ar poileasaidhean a leasachadh, a neartachadh agus a mheasadh agus cuiridh sinn cothroman air adhart nuair a tha sinn a' coileanadh ar lèirsinn airson na h-Eaconamaidh Ghorm.

## **ii. Ar Ceann-uidhe**

'S e ar ceann-uidhe fianais is dàta saidheansail a thoirt seachad mar thaic do phoileasaidhean, agus do dhleastanasan riaghlaidh is reachdail a chuidicheas le bhith a' gleidheadh bhuannachdan thar na h-ùine fhada do nàdar agus muinntir na h-Alba. Bheir sinn ceannas seachad airson roinn an t-saidheans air feadh Alba agus sinn a' dol an sàs ann an com-pàirteachasan buadh-mhor le luchd-compàirt bho air feadh Alba agus dhùthchannan eile. Le bhith a' coileanadh a' chinn-uidhe seo gu buadhach is gu h-èifeachdach, tha e mar amas dhuinn gun dèanar cinnteach le rannsachadh is dàta feumail gum bi àrainneachd na mara is nan uisgeachan eile fallain is làidir agus gum bi dàimh chothromach ann eadar an àrainneachd sin agus gnothachasan is coimhearsnachdan a bhios làidir is soirbheachail.

## **iii. Ar Luachan**

Tha ar luachan aig Riaghaltas na h-Alba a' sealltainn cò sinn, dè seòrsa riaghaltais a tha sinn airson a bhith againn, agus dè na nithean anns a bheil sinn a' creidsinn. Tha iad a' togail air bunaitean Còd Obrach na Seirbheis Chatharra agus amasan an Fhrèam Choileanaidh Nàiseanta. Tha iad a' toirt stiùireadh do na dòighean sa bheil sinn gar giùlan fhìn, na co-dhùnaidhean a nì sinn agus mar a dh'obraicheas sinn còmhla, air feadh an riaghaltais, gus piseach a thoirt air beatha muinntir na h-Alba.

### 'S iad ar luachan:

- » obraichidh sinn gu treibhdhireach
- » tha sinn in-ghabhalach
- » tha sinn co-obrachail nar dòigh
- » tha sinn ùr-ghnàthach agus
- » tha sinn còir



'S e lusan maicreasgopach a th' ann am phytoplankton a gheibhear sa chuan agus a nì 50% de dh'ogsaidean na cruinne

# 3. Na nì sinn

i. Builean Ro-innleachdail



## 3. Na nì sinn

### i. Builean Ro-innleachdail

Tha na builean san Ro-innleachd airson Saidheans Mara is Ùr-ghnàthachadh a' togail air Lèirsinn Riaghaltas na h-Alba airson na h-Eaconamaidh Ghorm, agus tha an lèirsinn sin a' togail air CLS an UN, Frèam Coileanaidh Nàiseanta na h-Alba agus air prìomhachasan ro-innleachdail, buntainneach eile a th' aig Riaghaltas na h-Alba. Tha na builean ro-innleachdail a' cur an cèill na tha sinn airson a choileanadh, far am bu chòir dhuinn ceannas a thoirt seachad, càite a bu chòir dhuinn a bhith ag obair agus cò còmhla ris a bu chòir dhuinn a bhith ag obair gu dlùth agus ciamar a choileanas sinn ar ceann-uidhe. Leis na builean seo, nithear cinnteach gum bi ar n-obair saidheans, fianais agus dàta a' cur ris a' bhuidh a bheir sinn air cùisean san t-saoghal.

Tha na builean seo a' co-fhreagairt air prìomhachasan phrìomh bhuidhnean nàiseanta is eadar-nàiseanta eile, a tha cuideachd ag amas air sàr-obair rannsachaidh is ùr-ghnàthach a dhèanamh a chum maith is leas ar beatha, ar n-eaconamaidh, agus àrainneachd na mara. Tha an dà rud mu dheireadh ceangailte ri chèile, bu chòir dhuinn a bhith a' dèanamh feum dhen fhianais agus dàta againn a chum maith na dhà dhiubh gus an urrainn dhuinn rian a chumail air agus frithealadh air na feumalachdan a th' againn an-dràsta, agus a bhios againn san àm ri teachd, mar dhùthaich eileanach. Mar eisimpleir, nuair a dh'èireas àirde na mara mar a thathar an dùil, bidh na marannan a' sìor fhàs nas cudromaiche airson tèarainteachd bìdh agus cumhachd. Gus am feum as motha a dhèanamh de na cothroman fhad 's a tha sinn a' dèiligeadh ris na dùbhlain, bidh sinn a' coimhead air thoiseach oirnn fhìn le ar sùilean air na tha air faire feuch dè bhios a dhìth air Alba, mar eisimpleir a thaobh DNAa(àrainneachd) no bith-theicneòlas airson feamainn.

Tha na builean a' gabhail ealla ris na tha fa-near dhuinn nar n-obair: na h-amasan fad-ùine a tha sinn airson a choileanadh a thaobh eaconamaidh ghorm na h-Alba, agus an taic chudromach as urrainn dhuinn a thoirt dhan-obair is do na h-oidhirpean a tha gan dèanamh gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta – còmhla ri ar luchd-compàirt is luchd-ùidhe. 'S urrainn dhuinn tòrr a bharrachd a dhèanamh còmhla nuair a tha sinn ag amas air obair chom-pàirteach ro-innleachdail a dhèanamh agus nuair a tha sinn soilleir a thaobh dè an t-àite a bu chòir a bhith aig an riaghaltas a thaobh a bhith a' coileanadh obair, coimiseanadh agus a' cur chùisean air dòigh. Am measg na nì sinne mar phàirt dhen cho-obrachadh sin tha a' cruinneachadh is a' sgrùdadh dàta thar ùine fhada, ar soithichean-sgrùdaidh agus ar n-uisgeadan. Le bhith a' cumail rian air agus a' dèanamh feum dhen fhianais choitchinn seo, 's urrainn dhuinn a bhith air ceann na h-iomairt gus poileasaidhean mara làidir a dhealbhadh agus gus obair fhreagrachaidh a stiùireadh.



## Fios mu Phrògram-sgrùdaidh Oirthir na h-Alba (POA)

Thòisich Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara a' dèanamh sgrùdadh gu cunbhalach air àrainneachd oirthir na h-Alba ann an 1997. Tha am prògram seo a' dèanamh obair chudromach airson phoileasaidhean is saidheans co-cheangailte ri oirthir na mara, aig ìre nàiseanta is eadar-nàiseanta. Tha an obair a' leantainn gus dàta a chruinneachadh agus bithear a' trusadh fiosrachadh ùr gach seachdain.

### Saidheans nan saoranach

'S e aon de na prìomh adhbharan airson mar a shoirbhich leis a' phrògram seo, an obair a nì luchd-sgrùdaidh saor-thoileach a tha air a bhith a' cruinneachadh shampall is a' cuideachadh airson 26 bliadhna.

Tha an dàta a fhuaras bho POA air a' chiad dealbh cunbhalach a thoirt dhuinn air paraimeatairean searbhadhaidh ann an uisgeachan oirthir na h-Alba agus tha e a' sealltainn gu bheil eadar-dhealachaidhean mòra rim faicinn thar ùine ghoirid agus pàtran an a tha coltach ri feadhainn a chithear ann am pàirtean eile dhen RA. Tha POA mar phàirt dhen obair aig Riaghaltas na h-Alba gus Cinn-uidhe nan Dùthchannan Aonaichte airson Leasachadh Seasmhach (CLS) a choileanadh a thaobh na gnàth-shìde agus beatha fon uisge ro 2030, agus tha e a' buntainn ri targaid 14 de CLS an UN a thaobh beatha na mara.

Chithear na builean mara ro-innleachdail airson saidheans is ùr-ghnàthachadh gu h-ìosal. Mar a chaidh a ràdh mu thràth, tha iad air an stèidheachadh gus cuideachadh le bhith a' toirt Eaconamaidh Ghorm na h-Alba gu buil (buil a h-aon), agus tha iad a' sealltainn mar a nì Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara feum de na comasan a th' aig Alba a thaobh saidheans is ùr-ghnàthachadh gus sin a dhèanamh (builean a dhà gu sia). Chaidh na builean a dhealbh ann an co-bhuinn ri luchd-ùidhe bho thaobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne agus sin a' dearbhadh ar miann gus obrachadh ann an com-pàirt ri càch, agus rinneadh cinnteach le sin gum biodh an ro-innleachd a' gabhail ealla ri farsaingeachd is doimhneachd na h-obrach a nì sinn agus gum biodh i a' gabhail a-steach gach nì as urrainn dhuinn a dhèanamh mar dhùthaich còmhla.

### Ar sia builean


- i. Bidh Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara, còmhla ris a' chòrr de Riaghaltas na h-Alba, a' toirt ar lèirsinn airson na h-Eaconamaidh Ghorm gu buil. Bidh ar n-amasan fad-ùine a' sealltainn mar a tha sinn a' cur luach mòr ann an àrainneachd na mara agus a cuid stòrasan nàdarra agus a' cur sùim sa bhuidhean a bheir i air fallaineachd ar plana. Bidh mar a ghabhas muinntir na h-Alba air fad stiùbhardachd os làimh airson ar n-àrainneachd mhara a' cuideachadh le neart nan eag-shiostaman, le bhith a' toirt beòshlaint nas fheàrr do dhaoine, le beairteas eaconamach, in-ghabhail sòisealta agus math dhaoine.
- ii. Bidh modhan stiùiridh, poileasaidhean agus planaichean Riaghaltas na h-Alba airson na mara is uisgeachan eile stèidhichte air saidheans, fianais agus comhairle a tha sìor

fhàs nas fheàrr agus a tha ùr-ghnàthach agus stèidhichte air dàta is sgrùdaidhean sàr mhath agus a' faighinn taic bho air feadh coimhearsnachd an luchd-saidheans (nàdarra is sòisealta) a bhios ag obair còmhla.

- iii. Tha sinn airson, còmhla ri ar luchd-compàirt, dòighean-coileanadh airson Alba air fad a cho-chruthachadh airson rannsachadh mara tron tèid coimhearsnachdan de luchd-rannsachaidh a stèidheachadh gus an dèanar feum dhen eòlas a th' againn, air feadh Alba, air rannsachadh mara. Bhiodh na coimhearsnachdan rannsachaidh seo ag obair còmhla gus an urrainn dhuinn ar n-amasan coitcheann mar Dhùthaich Eileanach a choileanadh agus gus daoine fìor thàlantach a thàladh feuch am bi an saidheans, an teicneòlas agus na dòighean-obrach ùr-ghnàthach aig Alba a tha a dhìth oirre a thaobh àrainneachd na mara is nan uisgeachan gus An Eaconamaidh Ghorm a thoirt gu buil. Le sin, nithear cinnteach gu bheil sinn a' gleidheadh an luach as fheàrr do dh'Alba bhon obair sin agus bidh inbhe na dùthcha air a neartachadh mar aon de phrìomh dhùthchannan an t-saoghail airson rannsachadh na mara.

### Teothachd nan Cuantan ag Èirigh

Tha ar marannan is cuantan air mu 90% dhen teas a bharrachd, a tha air tighinn bho bhlàthachadh na cruinne, a ghabhail a-steach. Tha na h-atharraichean seo air teothachd nan cuantan air buaidh a thoirt air eag-shiostam na mara; mar eisimpleir, far a bheil diofar ghnèithean beatha a' tighinn beò agus nuair a thachras nithean ann beatha ghnèithean beatha. Ann an uisgeachan na h-Alba, tha diofar phròiseasan a' ciallachadh gu bheil an ìre-bhlàthachaidh eadar-dhealaichte ann an diofar àiteachan is aig diofar amannan. Tha uisgeachan na h-Alba (air an oirthir agus air a' chuan) air blàthachadh eadar 0.05 is 0.07 °C gach deichead, eadar 1870-2016. Thathar an dùil gum bi dian-thachartasan a thaobh na gnàth-shìde, leithid an dian-theas a chaidh a thomhas sa mhuir as t-samhradh 2023, rim faicinn nas trice agus gum bi iad nas miosa fhad 's a tha an gnàth-shìde a' fàs nas blàithe sa chumantas.



Ìomhaigh 1: Grafaichean a' sealltainn atharraichean ann an teothachd nan cuantan eadar 1880 is 2020 ann an diofar àiteachan.

- iv. Bidh Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara a' togail air an obair aca le bhith ag obair còmhla ri càch gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta ann an dòigh a bhrosnaicheas daoine gus fuasglaidhean lèirsinneach is ùr-ghnàthach agus teicneòlas a lorg a bheir dhuinn fuasglaidhean saidheansail – leithid na h-obrach a thathar a' dèanamh ann an Alba mu thràth a thaobh Carbon Gorm – do na dùbhlain a tha romhainn mar dhùthaich, agus mar phlanaid.

- v. Bidh Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara nas comasaiche air deasachadh airson, dèiligeadh gu h-ùr-ghnàthach ri agus atharraichean a chur an sàs gu h-èifeachdach mu choinneimh chothroman is dùbhlain a dh'èireas, leithid an dà chunnart a th' ann a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde agus mar a tha bith-iomadachd a' crìonadh.
- vi. Bidh ar goireasan, gu h-àraidh ar n-uisgeadan agus ar deuchainn-lann fiosrachaidh nàiseanta, nan goireasan luachmhor nàiseanta do dh'Alba air feadh ar gnìomhachasan is ar coimhearsnachd shaidheansail agus airson seirbheisean poblach a lìbhrigeadh; bidh iad a' cuideachadh le planadh airson galaran a dh'fhaodadh a bhith a' sgaoileadh, bidh iad a' cruinneachadh dàta feumail agus bidh iad mar mheadhan air innleachdas, rannsachadh is leasachaidhean ùra.

### Uidheaman ùra gus bith-iomadachd a sgrùdadh

Tha Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara air a bhith a' cleachdadh dhòighean ùra far nach eil dlùth-sgrùdadh a dhìth gus measadh a dhèanamh air bith-iomadachd na mara. Le bhith a' sgrùdadh chomharran de DNA àrainneachd (DNAa), a dh'fhàgas fàs-bheairtean san àrainneachd, 's urrainnear obrachadh a-mach gu bheil diofar ghnèithean beatha ann gun a bhith gan cruinneachadh no a' coimhead orra. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na bh' ann de ghnèithean beatha a tha fo dhìon agus de ghnèithean beatha neo-dhùthchasach, sgaoilteach ann an uisgeachan oirthir na h-Alba, agus air mar a tha iad air an sgaoileadh, le bhith a' cleachdadh DNAa.





ii. Mar a Choileanas  
Sinn an Ro-innleachd –  
daoine; dàta, teicneòlas  
didseatach; is bun-  
structair



## ii. Mar a Choileanas Sinn an Ro-innleachd – daoine; dàta, teicneòlas didseatach; is bun-structair

'S e a' chiad rud a tha dhìth oirnn, Daoine, agus cruthaichidh sinn àite-obrach fìor mhath a tha a' cur taic – mar phrìomhachas – ri iomadachd, in-ghabhalachd, agus ri bhith a' leasachadh thàlantan dhaoine feuch an tèid sgioba-obrach glè sgileil, feòrachail agus cruthachail a thrusadh, a thrèanadh agus a ghleidheadh. San ùine ri thighinn, bidh measgachadh de luchd-obrach a dhìth oirnn le sgilean saidheans is einnseanaireachd farsaing agus le eòlas mionaideach, spèisealta air raointean sònraichte. Nì sinn cinnteach – tro bhith a' cruthachadh is a' toirt taic gu cunbhalach do dhreuchdan ann an saidheans, anailis agus einnseanaireachd san riaghaltas – gum bi ar co-obraichean uile uidheamaichte gus an làn-chomasan a choileanadh agus gun urrainn dhaibh a bhith ealanta is sùbailte nan obair mar thoradh air sgiobaidhean obrach a bhith ann air feadh Roinn Chùisean na Mara a tha ag obair thar dhiofar roinnean-eòlais ann an dòigh aonaichte agus a rèir clàr-ama sònraichte.

### Daoine

'S e a' chiad rud a tha dhìth oirnn, Daoine, agus cruthaichidh sinn àite-obrach fìor mhath a tha a' cur taic – mar phrìomhachas – ri iomadachd, in-ghabhalachd, agus ri bhith a' leasachadh thàlantan dhaoine feuch an tèid sgioba-obrach glè sgileil, feòrachail agus cruthachail a thrusadh, a thrèanadh agus a ghleidheadh. San ùine ri thighinn, bidh measgachadh de luchd-obrach a dhìth oirnn le sgilean saidheans is einnseanaireachd farsaing agus le eòlas mionaideach, spèisealta air raointean sònraichte. Nì sinn cinnteach – tro bhith a' cruthachadh is a' toirt taic gu cunbhalach do dhreuchdan ann an saidheans, anailis agus einnseanaireachd san riaghaltas – gum bi ar co-obraichean uile uidheamaichte gus an làn-chomasan a choileanadh agus gun urrainn dhaibh a bhith ealanta is sùbailte nan obair mar thoradh air sgiobaidhean obrach a bhith ann air feadh Roinn Chùisean na Mara a tha ag obair thar dhiofar roinnean-eòlais ann an dòigh aonaichte agus a rèir clàr-ama sònraichte.

Mar phàirt de sin, bidh sinn ag obair gu dlùth còmhla ris a' Phrìomh Neach-comhairleachaidh Shaidheansail ùr, an Ceannard Dhreuchdan airson Saidheans aig Roinn Chùisean na Mara is Riaghaltas na h-Alba a thuilleadh air na ceannardan proifeiseanta aig Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara fhèin gus dèanamh cinnteach gu bheil slighean adhartais soilleir agus cothroman leasachaidh againn a bheir dhuinn àrainneachd obrach le ìrean-coileanaidh àrda far an urrainn do ar co-obraichean soirbheachadh agus an làn-chomasan a choileanadh fhad 's a bheir iad buaidh fhollaiseach air cùisean do dh'Alba.

Cuideachd, cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gun cruthaich sinn àrainneachd far am bi ar co-obraichean a' cur nam modhan-obrach as fheàrr an sàs a thaobh saidheans is poileasaidhean an riaghaltais agus iad a' cumail ri comhairle aontaichte an riaghaltais agus cleachdaidhean coitcheann a thaobh neo-eisimeileachd is treibhdhreas ann an saidheans. Mar thoradh air mar a tha ùr-ghnàthachadh aig cridhe na ro-innleachd seo, bidh sinn cuideachd a' toirt leasachadh gu cunbhalach air gach pàirt de ar n-obair. Togaidh sinn com-pàirteachasan agus brosnachaidh sinn co-obrachadh air feadh Alba, agus sin mar phàirt dhen 'DNA' againn, gus an luach as fheàrr a ghleidheadh do dh'Alba bho na thèid a chosg air saidheans, fianais agus dàta ann am Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara.



## Dàta is Teicneòlas Didseatach

'S e an dàrna rud a chuidicheas sinn gus an ro-innleachd a choileanadh, ar Dàta is Teicneòlas Didseatach - nuair a choileanas sinn Ro-innleachd Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara airson Saidheans is Ùr-ghnàthachadh, feumaidh sinn a coileanadh ann an dòigh a tha a' gabhail ealla ri geallaidhean is amasan didseatach Riaghaltas na h-Alba a chithear ann an Dùthaich a tha ag atharrachadh: mar a shoirbhicheas le Alba ann an saoghal didseatach, agus ann an Ro-innleachd na h-Alba airson Tùr-fuadain (AI).

Airson Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara, tha sin a' ciallachadh, agus sinn a' cumail ri prionnsapalan a thaobh soilleireachd agus a bhith a' co-phàirteachadh ar stòrasan a chum maith na h-Alba, gun cuir sinn romhainn seirbheisean dàta is fiosrachaidh sàr mhath is so-ruigsinneach a lìbhrigeadh, a bhios a' freagairt air feumalachdan Riaghaltas na h-Alba, ar luchd-compàirt agus luchd-ùidhe mar phàirt dhen obair ro-innleachdail againn mu choinneimh na h-eaconamaidh ghorm. Le bhith a' dèanamh sin, bheir sinn leudachadh air ar comasan a thaobh dàta airson modaileadh agus teicneòlas ùr. Nithear sin, mar eisimpleir, ann an cuid a shuidheachaidhean tro 'Bhun-structair Stèidhichte air Cloud'.

Gus rian a chumail gu h-èifeachdach air an dàta agus an dàta a cho-roinn, bidh Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara a' cumail ri prionnsapalan FSEA (furasta a lorg, so-ruigsinneach, eadar-obrachail agus gabhar ath-chleachdadh), gus dàta ath-chleachdadh nuair as urrainnear agus nuair tha e ceadaichte. Tha na prionnsapalan sin a' toirt dòigh-obrach mhath dhuinn gus piseach a thoirt air ar stiùbhardachd agus ar riaghladh dàta, agus nì sin cinnteach gun cùm sinn oirnn a' foillseachadh dàta fosgailte mar thaic do sgrùdaidhean saidheansail ann an dòigh shoilleir is earbsach.

Ri linn ùr-ghnàthachadh is teicneòlas ùr, leithid Tùr-fuadain (AI), tha cothroman ann a thaobh obair sgrùdaidh is obair mhodailean a nithear air àrainneachd na mara agus uisgeachan eile agus a thaobh na tuigse a th' againn orra (me, tro holocam beag, drònaichean no soithichean-

ageil). Gus am feum as fheàrr a dhèanamh de na cothroman sin, cosgaidh Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara airgead air, agus cruthaichidh iad, modhan didseatach gus cuibhreannan mòra de dhàta a làimhseachadh, a bhios nas trice is nas trice air an cruinneachadh aig an dearbh-àm a tha iad ag èirigh no faisg air.

Seach gum bi barrachd dàta a' tighinn a-steach nas luaithe na chleachd a bhith a' tachairt, cruthaichidh Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara comasan, bun-structair, agus uidheaman gus modailean a dhèanamh de ar cuantan agus gus feum a dhèanamh de AI agus modailean cànan mòra airson sgrùdaidhean èifeachdach, aithrisean agus tar-shealladh fhaotainn.

Tha teicneòlas ùr a' nochdadh fad an t-siubhail, leithid mhodhan-sgrùdaidh neo-mhillteach a chleachdas DNA (DNAa) a bhios air fhàgail le fàs-bheairtean ann an àrainneachd na mara agus uisgeachan eile. Tha leithid a theicneòlas a' toirt chothroman sònraichte dhuinn gus tuigse ùr fhaotainn air cùisean ach faodaidh e a bhith car coimheach dhuinn no dh'fhaodadh gur e teicneòlas deuchainneach a th' ann. Gus dèiligeadh ris an dùbhlán sin, agus sinn a' dèanamh an fheum as motha de na cothroman ùra, cruthaichidh sinn àrainneachd airson na h-obrach seo a tha fosgailte is feòrachail agus a tha ag amas air cur ri stòrasan fianaise na h-Alba. Le bhith a' toirt cothrom do nas urrainn dhuinn de dhaoine air ar dàta, fianais agus sgrùdaidhean, chan e a-mhàin gun cuirear barrachd earbsa san fhianais againn, ach cuideachd cruthaichidh sinn stòrasan luachmhor ùra air an urrainn do dhaoine eile togail.



## Bun-structair

'S e an ath rud a dh'fheòir oirnn airson ar ro-innleachd, bun-structair. Seach gun do chaill sinn aon de ar prìomh thoglaichean is deuchainn-lannan san làrach againn ann an Obar Dheathain, nì sinn cinnteach gum bi na deuchainn-lannan a thèid a thogail na àite freagarrach airson nan amasan san ro-innleachd seo fhad 's a tha sinn a' dol an sàs san obair a tha ga dèanamh ann an Alba gus an roinn phoblach ath-leasachadh. Tha ciad chòmhradh gan cumail an-dràsta aig ìre ro-innleachdail agus sinn ag obair gus goireasan sàr mhath a chruthachadh a bhios a' ciallachadh gun urrainn do dh'Alba a h-inbhe a ghleidheadh mar aon de phrìomh dhùthchannan na cruinne airson chùisean mara.

Tha dà shoitheach rannsachaidh aig Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara an-dràsta. Tha sinn air cur romhainn obrachadh còmhla ri luchd-compàirt air feadh Alba airson dèanamh cinnteach gu bheil sinn ag obair ann an co-bhuinn gus frithealadh air ar feumalachdan mar Dhùthaich Eileanach aig a bheil soithichean rannsachaidh aig muir. Bidh againn ri dèanamh cinnteach gu bheil sinn comasach air an ro-innleachd ùr agus an lèirsinn airson na h-eaconamaidh ghorm a choileanadh fhad 's a nì sinn cinnteach cuideachd gun cruthaich sinn uiread as lugha as urrainn


dhuinn de charbon agus sinn a' dèanamh feum de leasachaidhean ùra leithid tùr-fuadain, ròbotan is carbadan fèin-stiùiridh. Feumaidh comasan gu leòr a bhith againn a thaobh a bhith a' trusadh, a' stòradh, a' co-phàirteachadh agus a' cumail rian air dàta gus taic a chumail ris an obair a nithear le ar soithichean aig muir.

Tha sinn air cur romhainn dèanamh cinnteach gum bi co-ionannachd chothroman ann do ar co-obraichean air tìr agus air bòrd nan soithichean againn aig muir, gu h-àraidh ann an dreuchdan ceannais. Gus cuideachadh le sin, tha sinn air an t-slighe Prìomh Neach-saidheans (PNS) a stèidheachadh gus am bi na dreuchdan ceannais sin nas eadar-mheasgaichte, nas in-ghabhalaiche agus gus am bi barrachd co-ionannachd ann. Leis an t-slighe PNS tha dòighean-obrach soilleir is cunbhalach ann gus luchd-obrach saidheans (a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha a' tilleadh a dh'obair) agus luchd-saidheans a tha aig ìre thràth nam beatha dhreuchdail a bhrosnachadh agus uidheamachadh gus an dreuchd PNS a ghabhail os làimh air bòrd nan soithichean againn aig muir.

Bidh ar soithichean cuideachd fìor chudromach do ar n-oidhirpean gus tuigse nas fheàrr fhaotainn air ar Stòrasan Mara Nàdarra agus bidh iad ri obair sgrùdaidh is mheasaidh aig muir, mar eisimpleir nuair a bhios an ath thionndadh dhen Phlana Mhara Nàiseanta deiseil.



# 4. An Ath Cheum



## 4. An Ath Cheum

Gus an ro-innleachd ùr airson saidheans is ùr-ghnàthachadh a choileanadh, feumaidh sinn obrachadh ann an com-pàirt ri iomadh duine is buidheann eile agus tòrr conaltraidh a dhèanamh riutha, agus feumar feum a dhèanamh de gach goireas, tàlant is stòras a gheibhear ann an Alba. Fhad 's a tha sinn a' dèanamh sin, bidh againn ri ealla a ghabhail ri mar a tha prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba (RnA), agus an ro-innleachd fhèin airson saidheans is ùr-ghnàthachadh, mar phàirt de RnA san fharsaingeachd agus co-theacsa nàiseanta is eadar-nàiseanta. 'S e aon de na ciad cheumannaan a thèid a ghabhail: a' dèanamh sgrùdadh air na comasan a th' ann an Alba agus nas urrainnear a dhèanamh a thaobh saidheans is obair ùr-ghnàthach co-cheangailte ris a' mhuir agus uisgeachan eile, agus bhiomaid airson obrachadh air sin còmhla ri ar luchd-compàirt mar phàirt dhen ath-cheum.

Tha sinn air cur romhainn co-chonaltradh a dhèanamh ri luchd-ùidhe agus luchd-compàirt gus dèanamh cinnteach gun tèid obair èifeachdach is buadhach a dhèanamh thar na geàrr-ùine, na meadhan-ùine agus na h-ùine-fhada gus dàta a chruinneachadh agus gus rian a chumail air agus gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom air an dàta sin. Mar phàirt de sin, bidh sinn a' co-phàirteachadh an eòlais a gheibhear tro bhith a' cur na ro-innleachd an gnìomh agus sinn ag innse dhan choimhearsnachd air fad mu dheidhinn feuch am faigh iad buannachdan às. Bidh sinn cuideachd a' cur ar prìomhachasan rannsachaidh an cèill tron obair-dhearbhaidh a nithear a thaobh Raointean Rannsachaidh Cudromach (RRC).

Tha sinn a' dol a chruthachadh plana obrach a-nis gus an ro-innleachd a chur an sàs agus sinn a' togail air an obair a rinneadh gus an ro-innleachd seo a dhealbhadh le àireamh mhòr de cho-obraichean bho thaobh a-muigh ar roinne, luchd-ùidhe is luchd-compàirt agus le co-obraichean poileasaidh, obrach is saidheans. Mar phàirt dhen phlana obrach seo feumar sùil a thoirt air faire agus coimhead ris an àm ri teachd gus dèanamh cinnteach gum bi na sgilean (mar eisimpleir, an fheadhainn a bhios a dhìth airson eadar-ghluasad cothromach is leigeil leis a' choimhearsnachd pàirt a ghabhail ann an cùisean), an t-eòlas agus an dàta againn a bhios a dhìth oirnn gus dèiligeadh ri atharraichean air an àrainneachd a thig oirre nas luaithe is nas luaithe. Cuideachd, bidh againn ri cothromachadh a dhèanamh eadar na tha a dhìth a thaobh ar stòrasan nàdarra agus na tha a dhìth airson eaconamaidh làidir, fhallain.



## 5. Buidheachas

Tha tòrr dhaoine air cuideachadh le bhith a' cruthachadh na ro-innleachd ùir seo agus air an adhbhar sin bu toil leinn taing a thoirt do ar co-obraichean uile ann am Buidheann-stiùiridh Chùisean na Mara agus Riaghaltas na h-Alba airson an cuid saothrach, taice, ùine agus bheachdan.

Mar an ceudna, bu toil leinn taing a thoirt do ar co-obraichean a tha ag obair ann an coimhearsnachdan, an lùib obair acadaimigeach, ann an gnothachasan agus san roinn charthannais airson an cuid ùine is mholaidhean agus an cuid dhraghan is mhiannan a thaobh àrainneachd na mara is nan uisgeachan, a chuidich sinn le bhith a' dealbh na ro-innleachd ùir seo.

Tha sinn gu mòr nur comain agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ri daoine gus an ro-innleachd ùr a chur an gnìomh airson Alba.







© Còraichean a' Chrùin 2024

**OGL**

Tha an sgrìobhainn seo ga foillseachadh fo chumhachan Chead Riaghaltais Fosgailte v3.0 ach a-mhàin nuair a chanar a chaochladh. Gus an cead seo fhaicinn, tadhlaibh air [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) no sgrìobhaibh chun an Sgioba airson Phoileasaidhean Fiosrachaidh, Na Tasglannan Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuiribh post-d thuca: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Ma tha sinn air fiosrachadh a chomharrachadh fo chòraichean chuideigin eile, feumaidh sibh cead fhaighinn bhuapasan gus am fiosrachadh sin a chleachdadh.

Gheibh sibh an sgrìobhainn seo aig [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Ma tha ceistean agaibh mun sgrìobhainn seo, bu chòir dhuibh an cur thugainn aig Riaghaltas na h-Alba  
Taigh an Naoimh Anndra  
Dùn Èideann  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83521-724-5 (eadar-lìon a-mhàin)

Air a foillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Faoilleach 2024

Air ullachadh do Riaghaltas na h-Alba leis a' Bhuidhinn APS Alba, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA  
PPDAS1392214 (01/24)

**w w w . g o v . s c o t**